

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

Is urrainn dhomh bileag-fiosrachaidh ullachadh a' mìneachadh dè a tha ann an croit.

Faigh fiosrachadh air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd air nithean mar:

- Dè a tha ann an croit?
- Meud àbhaisteach croite
- Na trì dleastanasan a dh'fheumas croitear a choileanadh.
- Dè na sgìrean an Alba far am faicear croitean.
- Àireamh croitean is croitearan an Alba.
- Talamh-ionaltraidh a' bhaile.

Is urrainn dhomh cuideachadh le taisbeanadh/latha fosgailte mu chroitearachd san sgìre agam fhìn:

- Tadhair air croit sa bhaile.
- Cuireadh a thoirt do chroitear a thighinn dhan sgoil a bhruidhinn ri sgoilearan.
- Faigh a-mach dè na beathaichean a th' aig na croitearan sa bhaile agad fhèin, me caoraich, crodh, mucan, cearcan msaa – agus carson a tha iad a' cumail nam beathaichean sin.
- Tagh aon seòrsa beathach a tha aig croitear agus faigh a-mach dè am frithealadh a tha dhith air na beathaichean sin rè na bliadhna.
- Faigh a-mach dè a tha a' tachairt do bheathaichean nan croitearan is mar a tha iad a' dèanamh an slighe dhan t-sèine-bìdh.
- Dèan liosta de dh'fhaclan co-cheangailte ri croitearachd.
- Dèan biadh le feòil air a thighinn bhon chroit.
- Faigh a-mach de na lusan a tha croitearan sa bhaile a' cur.
- Cuir bàrr san sgoil (me buntàta) ach am bi fios agad dè a tha na lùib.
- Dèan biadh le lusan air an cur gu h-ionadail.
- Tadhair air talamh-ionaltraidh a' bhaile ach am faic thu mar a tha iad air an ruith is air an cur air dòigh.
- Theirig gu Coinneamh Baile, air neo iarr air clàrc a' bhaile a thighinn dhan sgoil gus ceistean a fhreagairt.
- Dèan mapa de chroitean a' bhaile.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

A bheil thu dhen bheachd gu bheil na trì dleastanasan a tha aig croitear ri choileanadh reusanta gu leòr?

Carson a tha thu a' smaoinichadh gu bheil croitean gu math trice cho beag?

Dè an t-eadar-dhealachadh eadar croit agus tuathanas?

Dè mar a ghabhadh leasachadh a dhèanamh air croitearachd?

Am bu chaomh leatsa a bhith nad chroitear? Carson?

A bheil thu dhen bheachd gum bi croitearachd fhathast maireann ann an leth-cheud bliadhna eile?

EÒLASAN IS BUILEAN

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh.

Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d'fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-ìomchaidh.
LIT 2-25a

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.
LIT 2-28a

An dèidh mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn diofar àitean airson fuireach, obair agus fois, agus àitean intinneach airson tadhal.
SOC 2-10a

CEANGLAICHEAN/ GOIREASAN

<http://www.crofting.scotland.gov.uk/>

<http://www.crofting.org/home>

<http://www.e-storas.com/secondary.aspx/e-storas-multi-resources.aspx?showgroup=Croitearachd>

http://www.ambaile.org.uk/en/page/show_home_page.html

<https://www.youtube.com/watch?v=0aDmuKJEivQ>

https://www.youtube.com/watch?v=FfCv_pesimY

